

National 4 Gaelic (Learners) Listening Journal

Listening passage about a travel journal.

Tha e doirbh a chreidsinn gu bheil mi ann an Astràilia! Ràinig mi Sydney aig ceithir uairean sa mhadainn. Bha mi còrr agus fichead uair air plèan. Bha an turas agam sgìtheil. Choisich mi chun na h-ostail-òigridh gu furasta. Tha an ostail-òigridh glè shnog agus cofhurtail. Tha còignear nighean eile a' fuireach san aon t-seòmar còmhla rium. Tha iad uile càirdeil ach caran mì-sgiobalta. A-màireach, tha mi an dùil a dhol cuairt sìos gu cala Sydney. 'S dòcha gun streap mi an drochaid mhòr. Tha mi an dùil a dhol gu Ayers Rock ann an cola-deug. Cha bhi mi a' fuireach ann an taigh-òsta aig Ayers Rock, bidh mi a' campachadh. Tha mi an dòchas nach bi damhain-allaidh ann.